

7 agus 8/12/22

Crowne Plaza, Glasgow

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnullach; Calum MacLeod; Marion Nic na Ceàrdaich, Ceit Anna NicLeod, Iain Mac a' Mhailein, Lisa Annette (airson a' chiad là), Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Ealasaid Dhòmhnullach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair) – puing 10
Donnie Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gniomhachais) – puingean 7 & 10-13
Uisdean MacLeod [UML] (Manaidsear Obrachaiddh – Teicneòlas) – puing 6
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgriobhadh geàrr-chunntas)

Chaidh seisean prìobhaideachd eadar buill a-mhàin a chumail a thaobh fios às ùr air beàrnan Bùird agus an t-slighe air adhart. Cha robh Iain Mac a' Mhailein an sàs san t-seisean ri linn gnothach dearbhte.

1. Leisgeulan

1.1 Rhoda NicDhòmhnaill.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- a) 4/10/22 – molaichte le Lisa Annette agus daingnichte le Marion Nic na Ceàrdaich.
- b) Gnothaichean ag èirigh: chaidh moladh smaointinn mu MG ALBA a bhith a' comharrachdh 100 bliadhna de chraoladh Gàidhlig (Dùblachd 2023) mura biodh am BBC fhèin a' deànamh mòran den chùis.

- c) **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do gheàrr-chunntasan nan coinneamhan mu dheireadh agus do bhuill fainear a thoirt do na gnothaichean ag èirigh, dh'aontaich am Bòrd ris a' gheàrr-chunntas agus chomharrach am Bòrd na gnothaichean ag èirigh.

4. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- a) ***Geàrr-chunntas 10/11/22***

4.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingean a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, chomharrach am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.

- b) ***Aithisg Bhliadhnaile Slàinte & Sàbhailteachd***

4.2 **Co-dhùnadh:** le taing airson aithisg cho mionaideach, agus le aithne an-ath-bhliadhna gum bi an aithisg ann am fòrmat diofraichte a thaobh Frèam-obrach Dearbhaidh, bha am Bòrd riaraichte gu bheileas air dearbhadh gu bheil am buidheann a' coileanadh dleastanas a thaobh riaghailtean *Health & Safety at Work Act 1974*.

5. Comataidh a' Chathraiche

- a) ***Geàrr-chunntas 11/11/22***

5.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingean a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, a' toirt a-steach planadh luchd obrach airson na h-ama ri teachd, chomharrach am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.

- b) ***Moladh pàighidh - chùm Buill deasbad priobhaideachd mun chùis.***

5.2 **Co-dhùnadh** – an dèidh do bhuill breithneachadh air moladh an Àird-Oifigeir agus moladh bho Chomataidh a' Chathraiche, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail (ann an diomhaireachd) cho-dhùin am Bòrd suim aona-turas a-mhàin, neo-pheinnseanach, de [fios glèidh] a phàigheadh do luchd-obrach mar aithne air mar a thàinig àrdachadh pàighidh na bliadhna mus do thòisich àrdachadh mòr cosgaisean bith-beò na bliadhna

5.3 **Gníomh:** 1) thèid seo a chuir an gníomh agus 2) chaidh a mholadh gum bu chòir pròiseas còmhraidih töiseachadh le luchd-obrach a thaobh bannan pàighidh 2023-24. **(DC)**

6. Riosg

- a) ***Clàr Riosgan***

6.1 Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad coileanta a chumail.

- 6.2 **Co-dhùnadh**: dhearbh am Bòrd gu robh iad riaraichte gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-iomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh.
- 6.3 **Gníomh**: thèid colbh adhartais a chuir ris a' chlàr, a' sealltann cuin (meadhan-ùine agus fad-ùine) a thathas a' cur an gnìomh na leasachaidhean (mitigations). ([UML](#))

b) ***Toraidhean seisean Riosg a' Bhùird***

- 6.4 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill fainear a ghabhail don seisean Riosg a chaidh a chumail air 10/11/2022, agus an geàrr-chunntas a thàinig bhon eòlaiche Riosg, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a thogail mu phrìomh riosgan na buidhne, dhearbh am Bòrd gu robh iad riaraichte ri na molaidhean.
- 6.5 **Gníomh**: bheir a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidd iad seo air adhart: 1) ùrachadh air Miann Riosg a' Bhùird; 2) cumadh deireannach a chur air na 10 Aithrisean Dearbhaidd agus 3) bidh ro-innleachd, dèanadas agus riosg air am faicinn còmhla. ([DC](#))

7. Dèanadas & KPlan

- 7.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall a' toirt dealbh choileanta air coileantachd na ràithe mu dheireadh. Rinnear aithrisean agus chaidh deasbad a chumail.
- 7.2 Chaidh innse gun deach làrach-lìn SpeakGaelic sìos airson lathaichean aír sàillibh duilgheadas a bha na thoradh air “auto update”. Chaidh a chur ceart agus chaidh leasachadh a chur an-sàs gus nach tachradh e a-rithist. Chaidh gairm a-mach a' sireadh taic bhon luchd-obrach agus ri linn an cuid dealas agus sgil chaidh an t-seirbheis a chumail a' dol ann an dòigh 's nach robh an luchd-cleachdaidh a' mothachadh an duilgheadas.
- 7.3 Chaidh innse gu robh an t-Àrd-Oifigear agus an Cathraiche an làthair aig cuirm a bh' aig Bòrd Ofcom. An lùib na rudan a chaidh a dheasbad: (a) am miann aig Ofcom na h-uallaichean rianachd aca airson MG ALBA a thoirt seachad, agus gu robh taobh poilitigeach air an seo air am faodadh beachd a bhith aig a' BhBC; (b) an fheum airson co-ionnannachd spèis eadar BBC ALBA agus S4C ann an riaghlass; (c) modhan fastaidh bhall MG ALBA.
- 7.4 Chaidh innse mu choinneamh a chaidh a chumail eadar an Cathraiche, an AO, Stiùiriche BBC Scotland agus Ceann Seirbheisean Gàidhlig a' BhBC air 5/12/22. Bha aithne ann gu feumar dòighean a lorg gus èisteachd fhaighinn aig àrd ìrean a' BhBC ann an Lunnainn.
- 7.5 Chaidh innse gu robh dùil ri fios mu bhuidseit 2023-24 air no às dèidh 15/12/22.

- 7.6 Chaidh meal-a-naidheachd a thoirt do na companaidhean Corran Media, Beezr agus Sgeul Media a choisinn duaisean aig Duaisean RTS agus chaidh meal-a-naidheachd a chur air Mairi Kidd airson a bhith an sàs ann am *Composer of the Year* a shoirbhich aig Na Trads.
- 7.7 Chaidh cuireadh gu tagradh airson taic mhargaidheachd SpeakGaelic fhoillseachadh agus chaidh innse gun d' fhuaireas tagraichean làidir agus thèid measadh a dhèanamh orra sna làithean air thoiseachd.
- 7.8 Chaidh innse gu robhas a' cur ri chèile plana gnìomhachais (business case) airson SpeakGaelic a thoirt gu TikTok. Bha faireachdann ann gu bheil feum air ìre mothachaidh agus adhartas SpeakGaelic a neartachadh.
- 7.9 Chaidh bruidhinn air trèanadh agus an t-adhartas a bha luchd-trèanaidh a' dèanamh tron gnìomhachas.
- 7.10 Chaidh iomradh a thoirt air na còmhraidhean leis an luchd-ùidh agus le adhartas bile nam meadhanan, ged a tha aithne ann nach e am bile ris an robh dùil a bhios ann. Chaidh innse gu bheil còmhraidhean le DCMS a' leantainn. Tha iadsan fhathast airson fuasgladh fhaighinn taobh a-muigh an reachdas ged a tha MG ALBA fhathast a' sireadh fuasgladh san reachdas.
- 7.11 Tha an deasbad mu ghearraidhean seirbheisean a' BhBC a' togail cheistean co-cheangailte ri maoineachadh BBC ALBA. Bhathas a dol a sgrìobhadh gu *Black Equity* a thog nàdar de ghearrainn mu maoineachadh BBC ALBA.
- 7.12 Chaidh taing a thoirt do bhuill airson an cuid taic ann a bhith ag ullachadh Co-chomhairle Riaghaltas na h-Alba air Gàidhlig agus Albais agus thèid sin a chuir a-steach air 8/12/22.

b) Aithisgean ràitheil Q2

- 7.13 **Co-dhùnadh:** chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do dh'Aithisgean Dèanadais na ràithe mu dheireadh, lèirmheas an Àird-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùridh, agus cunntasan airson an ràithe suas gu 31 Sultain 2022.

8. Adhartas le luchd-ùidhe

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh modail ùr de chom-pàirteachadh luchd-ùidh airson na buidhne, le mapa-slige gus dèanamh cinnteach gun tèid an Lèirsinn a libhrigeadh agus chaidh deasbad a chumail.
- 8.2 Chaidh iomradh a thoirt air stiùireadh Oifis a' Chaibineit nach eil e iomchaidh a bhith a' cleachdadhbh airgead poblach airson seirbheisean coiteachaidh a cheannach agus gu bheil an luchd-lagh air dearbhadh gur e stiùireadh no beachd làidir a tha ann sin agus chan e lagh.

Mhol am Bòrd daingneachadh nach robhas a dol thairis air crìochan laghail nam biodhmaid a' ceannach leithid de sheirbheisean san àm ri teachd.

- 8.3 Thèid coimhead ri taobh eadar-nàiseanta a thoirt air tachartasan no tro *study visit*.
- 8.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhall, cho-dhùin am Bòrd gum bu chòir gabhail ris a' mhodail ùr de cho-obrachadh le luchd-ùidh.
- 8.5 **Gníomh:** 1) thèid seisean mu luchd-ùidh a chumail airson a' Bhùird san Fhaoillean agus 2) san fharsaingeachd, thèid pàipear a sgrìobhadh airson na h-ath choinneamh bùird air dè thathas a' sùileachadh bho bhuill eadar làthaireachd aig coinneamhan, trèanadh, agus dol an sàs le luchd-ùidhe. **(EMD)**

Aig deireadh a' chiad là, chaighd taisbeanadh beag a shealltainn mar chomharra air obair a' Chathraiche thar nam bliadhnaichean.

Crioch a' chiad latha.

Lean a' choinneamh air madainn an 8/12/2022 aig 0930.

9. Leas-Chathraiche

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fios gun do mhol Comataidh a' Chathraiche gum biodh e ionchaidh agus feumail nam biodh Leas-Chathraiche aig MG ALBA.
- 9.2 Tha Ofcom a' moladh gum biodh comhairle laghail air a ghabhail oir chan eil an dreuchd ainmichte san reachdas, agus mas e agus gum biodh na Gnàth Riaghailtean ag atharrachadh gu feumadh iadsan gabhail ris fo Para 4(2), Sch 19, Broadcasting Act 1990. 2.4.
- 9.3 Chaighd moladh do Ofcom gum biodh àrdachadh tuarastail an cois na dreuchd, agus dh'iarr Ofcom gun deigheadh beachd Riaghaltas na h-Alba a shireadh an toiseach agus gum biodh iad fosgailte an uair sin ri ceist thuarastal nam ball san fharsaingeachd.
- 9.4 Chaighd bruidhinn air roghainn eile, nas practaiche, a chur an-gníomh, mar a leanas.
- 9.5 **Co-dhùnadh:** 1) thèid ainm ùr a thoirt air Comataidh a' Chathraiche; 2) cuiridh an Cathraiche ball sa chathair air a' Chomataidh nach eil air air Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaileidh gus neo-eisimeileachd na Comataidh a dhòn agus 3) thèid atharrachadh a dhèanamh sna Gnàth Riaghailtean airson sin uile a cheadadadh.
- 9.6 **Gníomh:** thig Rùn chun na h-ath coinneamh bùird airson sin uile a chur an-gníomh.
(DC/MAMI)

10. Dreach Phlana Obrachaidh 2023/24

- 10.1 Bha dreach Phlana Obrachaidh 2023-24 air beulaibh bhall.
- 10.2 Chaidh innse aig àm sgrìobhaidh gu robh iomadh mi-chinnt ann, nam measg 1) cha bhi buidseat Riaghaltas na h-Alba ann gu 15/12/22; 2) dh'fhaodadh fàs no-leudachadh a thighinn; 3) chan eil e soilleir an tig airgead sònraichte a bharrachd airson SpeakGaelic, mar a bha ann sna 3 bliadhna mu dheireadh; 4) cha bhi fios mu chosgaisean riochdachadh Spòrs no cosgaisean a' phannal Rannsachaidh gus an tèid pròiseas solarachaидh a chumail agus 5) chan eil e buileach soilleir dè am buaidh a bhios aig àrdachadh na h-atmhорachd (inflation) air cosgaisean, nan lùib, tuarastail agus màl MG ALBA.
- 10.3 Chaidh a ràdh gu robh *contingency* riatanach.
- 10.4 Chaidh faighneachd:
- An urrainn na KPIs an deànamh nas simplidh, mar "report card" airson luchd-ùidh?
 - An urrainn KPIs uaine agus eaconamach a chur a-steach?
 - An urrainn na KPIs as mothà a bhith ceangailte ri far a bheil sinn a' cosg nas mothà?
 - An urrainn am Plana Obrachaidh aghaidh a chur ris a' bheàrn a tha ann eadar far a bheil sinn an-dràsta agus far a bheil sinn ag iarraidh ruighinn san Lèirsinn ann an 2027?
 - Bheil cosgais phrògraman a' toirt fainear den Lèirsinn? Mar eisimpleir an t-suim a bhathas a' cur mu choinneimh shusbaint ghoirid. Càite bheil daoine òga taobh a-staigh nam planaichean?
 - An robh feum air lèirmheas às ùr a dhèanamh air luchd-obrach agus na goireasan a dh'fheumar airson an Lèirsinn a choileanadh?
 - Am b'urrainn am Plana molaidean a chur air adhart airson airgead a bharrachd a chosg?
 - Am bu chòir dhan Phlana innse dè thachras mura faighear airgead a bharrachd?
 - Bheileas deiseil airson an Lèirsinn a choileanadh nam b' e 's gu faighear an t-airgead?
 - Bheil an Lèirsinn freagarrach airson an saoghal ùr seo agus a bheileas ga chumail fo sgrùdadadh?
 - Dè a b' urrainnear a dhèanamh a thaobh susbaint riochd ghoirid nam biodh an t-airgead ann?
 - An urrainn "sidebar" a chur ris a' Phlana a' sealltainn miann leasachaidh agus an cruth atharrachadh a dh'fheumas tachairt, agus nariosgan?
 - A bheil stoidhle nam faclan "core audience" a' cur cùl ri cuid?

- 10.5 Chaidh aontachadh gu faodadh cuid de na ceistean sin a làimhseachadh anns a' Phlana Corporra 3 bliadhna a bhios aig an ath choinneimh.
- 10.6 **Co-dhùnadh:** thèid am Plana a leasachadh a rèir nam molaidhean.
- 10.7 **Gniomh:** (1) thèid dreachd gu Ofcom air no ro 31/1/23; agus (2) thig am Plana le soilleireachadh chun na h-ath choinneamh bùird. **(DC)**
- 11. Dreachd Ro-innleachd Ghnèithean agus Chorporra 2023/24-2025/26**
- a) *Ro-innleachd ghnèithean*
- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh molaidhean airson ro-innleachd ghnèithean shusbaint agus ro-innleachd Chorporra airson na trì bliadhna a' tòiseachadh air 1 Giblean 2023 agus chaidh deasbad a chumail.
- 11.2 Bha aithne ann gu feumar coimhead ri ciamar a thathas dol a dh'fhaighinn gu ruige susbaint riochd goirid, le aithne cuideachd gu feumar coimhead a-rithist ris a' bhuidseat airson seo.
- 11.3 Chaidh moladh a dhèanamh air an obair a tha ga dhèanamh leis a' mhaoin a th' ann.
- 11.4 Feumar cuimhne a chumail càite bheil ar dleastanasan reachdail a' laighe, me, trèanadh.
- 11.5 Chaidh deasbad a chumail mu fheumalachdan sgriobhadairean airson dràma agus dràma ann an riochd fada agus goirid.
- 11.6 Thèid "call out" a dhèanamh san Fhaoilleach/a' Ghearran agus nithear cinnteach gu bheil seo air a dheagh mhargaidheachd.
- 11.7 Chaidh moladh gum bhiodh e feumail cosgaisean còraichean spòrs a shealltainn ri taobh cosgaisean riochdachaidh spòrs.
- b) *Ro-innleachd Chorporra*
- 11.8 Chaidh deasbad a dhèanamh air na daoine, cultar agus sgilean a dh'fheumar son an Lèirsinn a choileanadh.
- 11.9 Thèid fòcas a chumail air ceannardas ro-innleachdail, manaidseadh gnìomhachas (a' toirt a-steach eadar-nàiseanachadh), speisealaich agus manaidsearan dhaonna.
- 11.10 Bha aithne ann gur e atharrachadh cultarach a bha seo ach le seo cuide ri siostaman obrach (performance software systems) agus trèanadh gheibhear thuige.
- 11.11 Bha aithne ann cuideachd gun cuidicheadh seo le planadh mu choinneimh ro-innleachd foirmeil co-ionmhais.
- 11.12 Bha aithne ann gu robh an clàr-ama amasach agus gur toireadh e ùine gus a chur an-gnìomh.

- 11.13 Chaidh a ràdh gum bu chòir mìneachadh a thoirt air ais do Chomataidh a' Chathraiche air na h-adhbharan carson nach robhas am beachd a dhol a-mach gu fastadh fosgailte nam biodh cumadh ùr air dreuchdan, ceist a bha aig a' Chomataidh.
- 11.14 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte
- 11.15 **Gniomh:** 1) thèid mìneachadh a thoirt do Chomataidh a' Chathraiche air ciamar (agus carson) a thèid uallaichean ùra luchd-obrach a shàsachadh bhon taobh a-staigh agus/no bhon taobh a-muigh; agus 2) thig dreachd Plana Chorporra 3-bliadhna air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt 2023. **(DC)**

12. Lèirmheas air Roinn Solarachaidh

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu bheil oifigearan air cumhaichean iomraidh a dhealbhachadh airson lèirmheas a chumail air an roinn solarachaidh le moladh a dhol gu tairgse poblach meadhan an Dùblachd, a' sireadh eòlaiche a ni rannsachadh, a chumas agallamhan, a ni anailasis eaconamach agus a sgrìobhas aithisg ro dheireadh na bliadhna ionmhais, le aithisg a' tighinn air ais chun Bhùird san Ògmhios.
- 12.2 Chaidh faighneachd am biodh sùil ann air proifeasantach neo-cheangailte (freelancers) agus sgrìobhadairean agus am b'urrainn do shlatan tomhais a bhith ann le Éireann agus a' Chuimrigh.
- 12.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 12.4 **Gniomh:** thig aithisg air ais chun Bhùird anns a' chiad leth de 2023. **(DC)**

13. Pròiseas ùrachaidh chùmhnanntan

a) Spòrs (samhradh 2023)

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh taic a' Bhùird air a) ro-innleachd spòrs 2023-2026, b) am measgachadh de chòirichean a bhios mar bhun-stèidhe, agus c) cùmhnannt ùr riochdachaidh a bhios a dhìth bhon luchar 2023.
- 13.2 Chaidh deasbad a chumail agus chaidh taing a thoirt seachad airson pàipear cho fiosraichte.
- 13.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidean a thabhan - 1) co-cheangailte ri spòrs san fharsaingeachd, chur am Bòrd taic ann am prionnsabal airson an t-slighe air adhart airson Spòrs airson 2023/24-2025/26; agus 2) co-cheangailte ri Còirichean an SPFL, dh'aontaich buill nach robh adhbhar ann carson nach toireadh an Cathraiche ùghdarras seachad, fo Riaghailtean Ionmhasail C.5. aontaichte gun tèid [fios glèidhte] a chosg gach bliadhna air còirichean a cheannach bhon SPFL airson seusan 2023-24, 2024-25 agus 2025-26.

- b) **Rannsachadh (Giblean 2023)**
- 13.4 Bha am pàipear cuideachd a' mìneachadh gun tig cùmhnant rannsachaidd TRP Research gu crìoch air 30/4/23 às dèidh cùmhnant 3 bliadhna is aon bhliadhna a bharrachd air "roll-over" air a bhith aca agus gun tèidear a-mach gu tagradh airson na seirbheis seo aig toiseach 2023.
- 13.5 Chaidh deasbad a chumail air feumalachdan rannasachaidd agus am bu chòir roghainnean eile a bhith aig a' Bhòrd no am biodh rannsachadh nas *qualitative* na b' fheumaile.
- 13.6 **Co-dhùnadh:** bha am Bòrd toilichte gun deigheadh air adhart le cuireadh gu tagradh airson na seirbheis rannsachaidd ach gum biodh e feumail barrachd innse mu dheidhinn agus beachd nam ball a ghabhail air cumadh an tairgse.
- 13.7 **Gniomh:** thèid an dreach cuireadh gu tairgse chun Bhùird airson am beachd mus tèid fhoillseachadh agus 2) gheibhear comhairle laghail a dh'fhaicinn bheil sìneadh bliadhna na roghainn. **(MC)**

14. Clàr-ama/cinn-là cudromach

- 14.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhall, ghabh am Bòrd fainear, le aithne gum biodh e math airgead a bharrachd a chuir gu ruige screenings gu h-àraigdh airson na prògraman as cosgaile.

15. GISBE

- 15.1 Thèid measaidhean bhall an cumail san Dùblachd agus thèid formaichean a-mach gu buill. **(MAMI)**
- 15.2 Chaidh Clàr na Nollaig a shealltainn, le taing a' bhùird dha ghuidhe.
- 15.3 Le seo a' choinneamh Bùird mu dheireadh aig a' Chathraiche mus leig e seachad a dhreuchd, thug e seachad taing mhòr son a h-uile taic agus ceist a chaidh a chur air thar nam bliadhnaichean. Taing chun a h-uile duine a bha ag obair aig MG ALBA thar nam bliadhnaichean airson an obair tàlantach agus cruaidh airson a' Bhùird. Chaidh taing nan oifigearan agus a' Bhùird a ghuidhe dha anns gach nì a' dol air adhart.

16. Deit na h-ath choinneimh

- 16.1 Thèid na deitichean an cuairteachadh air a' Chathraiche ùr agus an uair sin a-rithist gu buill airson aonta. **(MAMI)**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: